



PLANA-GNOTHAICH 2005*

Aithris-Rùin na Colaiste
Ro-Ràdh
Cùl-Eòlas: A' Cholaiste
Amasan Planaidh
Amasan agus Cinn-Ùidhe Ro-Innleachdail
Beart-Deilbh nas Leatha na Poilesaidh
Planaichean Leasachaidh Eile
Ro-Innleachdan na Colaiste

*THA AM PLANA-GNOTHAICH RI FHAIGHINN ANN AN CAOCHLADH CHÀNAN:
ARABAI, BENGALI, BEURLA, CANTONNAIS AGUS URDU

BHEIREAR TUILLEADH BRATH ON AONAD FIOSRACHAIDH IS CHAOMHNAIDHEAN

THA COLAISTE OBAR-DHEATHAIN AN GEALL AIR DÉANAMH CINNTEACH GUM FAIGH CIORRAMAICH IS DAOINE LE
DUILGHEADASAN IONNSACHAIDH LÀIMHSEACHADH COTHROMACH.
MAR SIN, NÌ COLAISTE OBAR-DHEATHAIN GNÀTHACHAIDHEAN REUSANTA GUS NACH FHULAING OILEANAICH
CHIORRAMACH ANA-COTHROM FEARTACH.

Ma tha feum agaibh air an fhoillseachadh seo ann an cruth eile, rachaibh an dàil leis an Aonad Fiosrachaidh is
Chaomhnaidhean is innsibh dhaibh na tha a dhìth oirbh.

Aberdeen College Information and Booking Centre, Gallowgate, Aberdeen AB25 1BN
Fòn: (01224) 612001, Post-d: enquiry@abcol.ac.uk, Lion: www.abcol.ac.uk, Minicom: (01224) 612163

AITHRIS-RÙIN NA COLAISTE

'GUS SEIRBHEIS ÀRD-CHÀILEACHD TRÈANAIDH IS FOGHLAIM A LÌBHRIGEADH ANN AN COM-PÀIRTEACHAS LE SOLARAICHEAN EILE, FREAGARRACH DO DH'FHEUMALACHDAN IONNSACHADH FAD-BHEATHA IS MÒR-MHIANNAN AR CLIANTAN ANN AN EGAR FARSAING DE SHUIDHEACHAIDHEAN.'

GIORRACHAIDHEAN

TQFE	Teaching Qualification (Further Education) (Bòrd Trèanaidh Gniomhachas Togail Innleadaireachd)
HMIE	Her Majesty's Inspectorate of Education (Foras na h-Eòrpa airson Stiùireadh Càileachd)
SQA	Scottish Qualification Authority (Luchd-Sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlam)
FT	Full time (Làn-thìde)
EFQM	European Foundation for Quality Management (Maoin Shòisealta na h-Eòrpa)
SWAP	Scottish Wider Access Programme (Prògram Inntigeachd nas Farsaing na h-Alba)
ESF	European Social Fund (Teicneolas Fiosrachaidh is Conaltraidh)
ECITB	Engineering Construction Industry Training Board (Teisteanas Teagaisg (Foghlam Adhartach))
ICT	Information and Communication Technology (Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba)

RO-RÀDH

Tha am Plana-Gnothaich seo na gheàrr-chùntas de Phlana-Leasachaidh Ro-Innleachdail na Colaiste 2004/07 agus tha e a' toirt dhuibh foir-shealladh air amasan ro-innleachdail agus prìomh leasachaidhean air feadh ùine-dhealbhaidh na Colaiste. Gheibhear lethbhreac slàn de Phlana-Leasachaidh Ro-Innleachdail na Colaiste air làrach-lìn na Colaiste (www.abcol.ac.uk) no cuiribh iartas do Yat Sandilands no Pauline May, Rianairean Dealbhaidh na Colaiste.

Tha Colaiste Obar-Dheathain an geall air dèanamh cinnteach gum faigh ciorramaich is daoine le duilgheadasan ionnsachaidh làimhseachadh cothromach. Mar sin, nì Colaiste Obar-Dheathain gnàthachaidhean reusanta gus nach fhulaing oileanaich chiorramach ana-cothrom feartach.

Ma tha feum agaibh air an fhoillseachadh seo ann an cruth eile, rachaibh an dàil leis an Aonad Fhiosrachaidh is Chaomhnaidhean (01224 612330) is innsibh dhaibh na tha a dhith oirbh.

CÙL-EÒLAS: A' CHOLAISTE

Is e Colaiste Obar-Dheathain an solairiche foghlaim dreuchdail is trèanaidh as motha ann an Alba an Ear-Thuath agus tha pàirt chudromach aice mar sin a bhith a' coilionadh feumalachdan nan daoine agus feumalachdan ghnòthachas agus choimhearsnachdan ann an Cathair is Sgìre Obar-Dheathain (le sluagh de 436,000 gu h-iomlan). Tha a' Cholaiste a' tairgse taghadh farsaing de chothroman ionnsachaidh - còrr is 5000 prògraman as àbhaist ri fhaighinn ann an trèanadh is foghlam adhartach. Is e 43,377 a bha na h-àireamh de na clàrachaidhean aig a' Cholaiste agus thairg i taghadh de 5,815 prògraman ro na h-oileanaich. Is ann làn-thìde a bha 6,755 (no 16%) de chlàrachaidhean nan oileanaich gu lèir agus bha iad a' comharrachadh 58% de ghnìomhachd nan oileanach, air a thomhas a rèir Aonadan Tomhas Oileanachail (ATO).

AMASAN PLANAIDH

Seo amasan na Colaiste is i a' freagairt ri prìomh chinn-ùidhe Riaghaltas na h-Alba agus a' coileanadh feumalachdan foghlam na coimhearsnachd ionadail:

A: RIAGHLACHAS AGUS STIÙIREADH

A' cumail oirnn a bhith a' neartachadh riaghlachas is stiùireadh na Colaiste agus ag urrasachadh gu bheilear a' coileanadh prìomh chinn-ùidhe poileasaidh Riaghaltas na h-Alba agus a' clàir-ghnothaich nàiseanta aig an ìre ionadail ann an dòigh a bhios fosgailte agus soilleir.

B: AIRGEADAS AGUS CÙISEAN CO-CHEANGAILTE RIS

A' coimhead air dà bhliadhna air a' char as lugha gum bi buidsead cothromach aice leis a bhith a' freagairt teachd-a-steach is caiteachas obrachaidh ri chèile ach a' gabhail fàth airson cùl-stòr ionmhasail na Colaiste a mheudachadh nuair a ghabhas seo a dhèanamh; agus bunait a thoirt don Cholaiste gun dèan i a' chùis air dùbhlann nan ullachaidhean maoineachaidh ath-sgrùdaichte agus gun toir i aire do phàtranan caochladh togail oileanach, don t-suidheachaidh eaconomaich ionadail is do dh'àireamhan an t-sluaigh.

C: OIGHREACHD IS ÀRAINNEACHD

Ath-sgrùdadh a dhèanamh is atharrachadh a chur air Ro-Innleachd Oighreachd na Colaiste mas deatamach e, a' gabhail cùntas air atharrachaidhean maoineachaidh is air caochladh an t-suidheachaidh ionadail agus gnothaichean na Colaiste a stiùireadh ann an dòigh a bhrosnaicheas euchdan deimhinneach is urram don àrainneachd.

D: CO-IONNACHD CHOTHROMAN

A' sìor-bhrosnachadh co-ionnachd chothroman do dh'oileanaich is luchd-obrach anns gach raon na Colaiste gus àrainn ionnsachadh is obrachadh a bhios saor o lethbhreith urrasachadh, agus gus taic a chur ri deagh dhàimh cinnidh eadar buidhnean eadar-dhealaichte.

E: CÀILEACHD IS BÀRR-FEABHAIS

Bàrr-feabhais a bhrosnachadh ann an libhrigeadh foghlam is greis-ionnsachaidh àrd-chàileachd leis a bhith a' sìor-leasachadh shiostaman stiùireadh càileachd, leasachadh proifeiseanta don luchd-obrach gu lèir, leasachadh a' phròiseis ionnsachaidh leis an teicneòlas ùr, le caochladh rianan libhrigeadh agus leis na seirbheisean-taice do dh'oileanaich gus urrasachadh gu bheilear a' gleidheadh bhun-tomhasan àrd-chàileachd.

F: INNTRIGEDH NAS FARSAINGE, ADHARTAS AGUS COM-PÀIRTEACHADH

Cothroman foghlaim is trèanadh a shìor bhrosnachadh do dhaoine, choimhearsnachdan is fhastaichean; inntrigeadh do chothroman foghlaim fhad-bheatha na sgìre-sheirbheise àrdachadh ann an co-obrachadh èasgaidh le com-pàirtichean; obrachadh le feadhainn eile gus in-ghabhail sòisealta a bhrosnachadh anns na sgìrean a fhrithleas a' Cholaiste; co-obrachadh èasgaidh còmhla ri sgoiltean, oilthighean is solarachan eile gus adhartas-oileanach nas luaithe a bhrosnachadh am broinn foghlam adhartach agus eadar foghlam adhartach is àrd-fhoghlam; leasachadh air foghlam adhartach is àrd-fhoghlam a bhrosnachadh leis a bhith a' cur às do bhacaidhean ionnsachaidh agus a' solarachadh inntrigeadh nas fhasa do theicneolas ùr is iomadh seòrsa de dh'fhoghlam freagarrach, fosgailte is air-loidhne, do dh'oileanaich is do dh'fhastaichean.

G: TOBAR-SGILEAN IONADAIL

A' cur ri leasachadh an tobair-sgìlean ionadail agus aghaidh a chur air feumalachdan is gainnead nan sgìlean ionadail tro cho-obrachadh le fastaichean, buidhnean-gnìomha agus solarachan trèanadh eile, gus leasachadh sgìlean ùra is tòiseachail a bhrosnachadh.

H: CO-OBACHADH AGUS COM-PÀIRTEACHASAN

Oidhirp a dhèanamh ri bacaidhean isleachadh agus co-obrachachadh le com-pàirtichean poblach, prìobhaideach is saor-thoileach agus le solarachan eile a neartachadh ann an raon an fhoghlaim reachdaich, adhartach is àrd-fhoghlaim leis a bhith a' leudachadh is a' brosnachadh modh-gabhail dealbhaichte airson libhrigeadh sheirbheisean foghlaim is trèanadh.

I: CLÀR-OIDEACHAIS IN-GHABHALACH

Obrachadh le feadhainn eile gus inntrigeadh do sheirbheisean a leasachadh leis a bhith a' rannsachadh, a' sireadh agus a' sùileachadh fheumalachdan sònraichte agus mar sin a bhith ag àrdachadh in-ghabhail sòisealta anns na sgìrean a fhrithleas a' Cholaiste.

AMASAN AGUS CINN-ÙIDHE RO-INNLEACHDAIL

Ghabh a' Colaiste ri cinn-ùidhe shònraichte an coimeas ri gach aon de na h-amasan gus na h-amasan ro-innleachdail aice a thoirt gu buil.

A RIAGHLACHAS AGUS STIÙIREADH

Ni a' Colaiste na leanas gus riaghlachas is stiùireadh a neartachadh agus gus prìomh chinn-ùidhe poileasaidh Riaghaltas na h-Alba airson foghlam a choileanadh:

- Ni i cinnteach gun tèid Buill a' Bhùird-Stiùiridh agus Àrd-Mhanaidsearan na Colaiste an sàs ann an trèanadh is leasachadh iomchaidh gus taic a thoirt dhaibh a thaobh an cuid uallaichean riaghlachais is stiùiridh
- Ni i cinnteach gun dèan Bòrd agus stiùireadh na Colaiste obrachadh ann an dòigh fhosgailte is shoilleir gus fiosrachadh a sholarachadh do chosnaichean, don mhor-shluagh is do bhuidhnean on taobh a-muigh, gun a bhith a' dol thairis air riaghailtean fo-rùnachd mhalairteach, diomhaireachd phearsanta agus riatanasan reachdail (a' gabhail a-steach Achd Dion Dàta)
- Ni i cinnteach gun gèill Buill a' Bhùird-Stiùiridh ri Còd Giùlain a' Bhùird agus gun cuir iad an gnìomh stèidhean mhodhan beusach nuair a bhios iad ri gnothach a' Bhùird
- Cuiridh i gu feum modal freagarrach gus buaidheachas riaghlachais is stiùiridh a mheasadh agus cleachdaidh i deuchainnean-luathais de bhuidhnean bàrr-feabhais gus rudan a ghabhadh leasachadh a chomharrachadh
- Cuiridh i an dreuchd buill ùra a' Bhùird-Stiùiridh aig a bheil sgìlean is eòlas a thig ris na buill a tha ann mar-thà

B AIRGEADAS AGUS CÙISEAN CO-CHEANGAILTE RIS

Ni a' Colaiste na leanas gum bi buidsead cothromach aice, fhad is a ghabhas i fàth airson cùl-stòr ionmhasail na Colaiste a mheudachadh agus gun dèan i a' chùis air dùbhlann nan uallaichean maoineachaidh ath-sgrùdaichte a tha an Comhairle Maoineachaidh air moladh:

- Dealbhaichidh i modhan-gabhail ùr-ghnàthach airson stiùireadh Oighreachdan is goireasan nitheil eile na Colaiste ann an dòigh a bhios na buannachd do chùl-stòras ionmhasail na Colaiste
- Coillionaidh i targaidean aontaichte na Comhairle Mhaoineachaidh a thaobh gnìomhachd na Colaiste gun isleachadh càileachd nan seirbheisean a bhios ann
- Nì i ath-sgrùdadh air cùram-roinne chùrsaichean na Colaiste gus ion-obrachas ionmhasail urrasachadh
- Àrdaichidh i roinn teachd-a-steach na Colaiste nach eilear a' faighinn o thabhartas-cuideachaidh bliadhna às dèidh bliadhna

C OIGHREACHDAN AGUS ÀRAINNEACHD

Nì a' Cholaiste na leanas gus ath-sgrùdadh is leasachadh a dhèanamh air Ro-Innleachd Oighreachdan agus stiùirichidh i a gnothaichean ann an dòigh a bhrosnaicheas euchdan deimhinneach agus urram do na h-àrainneachd:

- Ullaichidh i fiosrachadh don Bhòrd air stiùireadh ghoireasan is sheilbhean a bhios buadhach is glèidhteach
- Nì i ath-sgrùdadh air cleachdadh sheòmraichean aig prìomh aonadan na Colaiste gus lìonadh sheòmraichean a thoirt gu bàrr agus feum air àiteachan a bharrachd isleachadh
- Nì i sgrùdadh ion-dhèantachd air na gabh a dhèanamh gus Ro-Innleachd Oighreachdan ùr a stèidheachadh, a' gabhail cùntas air roghainnean eile mar chom-pàrteachaidhean poblach/priobhaideach
- Cuiridh i leasachadh air àrainneachd nitheil na Colaiste a rèir Ro-Innleachd Oighreachdan na Colaiste
- Bheir i gu buil targaidean agus tomhaisidh i iad gus caitheamh cumhachd agus meud na truillean isleachadh gus a' bhuaidh a tha aig gnothaichean na Colaiste air an àrainneachd isleachadh

D CO-IONNANACHD CHOTHROMAN

Nì a' Cholaiste na leanas gus co-ionnanachd chothroman a bhrosnachadh, gus àrainn ionnsachaidh is obrach a bhios saor o lethbhreith urrasachadh agus gus taic a chur ri deagh dhàimh cinnidh eadar buidhnean eadar-dhealaichte:

- Nì i ath-sgrùdadh bliadhna air Poileasaidh Co-ionnanachd Dàimh Cinnidh a chum 's gun urrasaich i deagh chleachdadh
- Cuiridh i gnìomhachd air chois a bhrosnachas co-ionnanachd cinnidh agus deagh dhàimh eadar buidhnean cinnidh eadar-dhealaichte às dèidh co-chomhairle ri oileanaich is luchd-obrach o bhuidhnean cinnidh eadar-dhealaichte
- Bheir i gu buil targaidean agus nì i tomhas orra gus co-ionnanachd cinnidh a bhrosnachadh agus thèid i an urras gun toirear fiosrachadh tomhaiseach don Bhòrd-Stiùiridh agus do Chomataidh nan Cothroman Co-ionnanachd
- Cruthaichidh i plana-gnìomha co-ionnanachd cinnidh a dh'urrasaidheas gun leanar na trì pàirt den dhleastanas reachdail choitcheann anns gach gnìomh agus poileasaidh da bhuineas e
- Nì i ath-sgrùdadh gu cunbhalach air trèanadh co-ionnanachd chothroman agus atharraichidh i na dh'fheumas atharrachadh gus reachdas an aghaidh lethbhreith a choilionadh
- Glèidhidh i agus leasaichidh i com-pàrteachasan còmhla ris na prìomh bhuidhnean ionadail a bhios a' riochdachadh dhaoine o chinnidhean is dualchais eadar-dhealaichte agus dhaoine ciorramach, gus am bi a' Cholaiste a chnuasachadh air an cuid bheachdan fhad is a bhios i a' dealbh agus a' libhrigeadh sheirbheisean
- Ullaichidh i aithisgean air na rinn a' Cholaiste gus a dleastanasan reachdail a thaobh lethbhreith a choilionadh agus bheir iad seachad fios air deuchainnean-luathais agus adhartas an coimeas ris na targaidean
- Nì i deuchainnean-luathais agus mion-sgrùdadh air fiosrachadh a chaidh tional air oileanaich is luchd-obrach chiorramach agus urrasaidh i gun sgoilear fiosrachadh air gnàthachaidhean reusanta chun a h-uile roinn gus am bi cleachdaidhean seasmhach is còir aca

E CÀILEACHD AGUS BÀRR-FEABHAIS

Nì a' Cholaiste na leanas gus bàrr-feabhais a bhrosnachadh ann an libhrigeadh foghlam is greis-ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd, is gus bun-tomhasan càileachd a ghleidheadh:

- Ni i cinnteach gun cuirear an gnìomh Ro-innleachd Leasachadh Proifeiseanta na Colaiste gus am bi foghnadh de luchd-obrach ann aig a bheil teisteanais phroifeiseanta
- Cuiridh i dà phrògraman "Os Cionn ECITB" air chois gach bliadhna oilthigheach an lùib Oilthigh Obar-Dheathain gus an gabh luchd-teagaisg de thrèanadh is leasachadh iar-thùsail freagarrach
- Thèid i an urras gun coilion a' Cholaiste riathanasan beart-deilbh ùr SQA agus gun lean i oirre a bhith a' coilladh riathanasan ICT gus bun-tomhasan càileachd a ghleidheadh
- Bheir i taic don Bhòrd agus don Àrd-Sgioba Stiùiridh gus an samhladh HMIE a chur gu feum a thaobh fèin-measadh agus thèid i an urras gun cleachdar siostam buadhach gus gnìomhan leasachadh ciallach a chomharrachadh
- Thèid i an urras gun gabh a' Cholaiste ri riathanasan beart-deilbh SQA air feadh na Colaiste gu lèir is gu seasmhach agus gun cuirear ro-innleachd air leasachadh àrd-chàileachd an gnìomh
- Cuiridh i prògram sgrùdaidh càileachd cuspaireil air bhonn a chomharraicheas agus a thomhaiseas gnìomhan leasachadh air seòlan gnìomachais
- Thèid i an urras gun sgaol a' Cholaiste eisimpleirean bàrr-feabhais a nochdas on Cholaiste, o earrann àrd-fhoghlam is o na buidhnean compàirteachail gus feum a chur orra ri càileachd a leasachadh
- Ni i coimeas ri prìomh bhuidhnean eile air cnag-seòlan gnothach agus nì i iomsgaradh eatorra gus gnìomhan leasachadh càileachd a chomharrachadh
- Leasaichidh i sgilean agus comasan ESF nan luchd-obrach air fad os cionn comas bunaiteach gus am bi na sgilean a sholaras dòighean-obrach coimpiutaireach aca a dh'fhaodas gan cleachdadh gu misneachail is gu buadhach
- Leasaichidh i sgilean agus comas nan luchd-stiùirdh às a h-uile ceum den bhuidheann gus an tèid aca air freagairt a thoirt do dhùbhlanan na h-àrna ri teachd a dh'fhaodadh a bhith na h-àrainneachd na bu dhorra is neo-chinnteach - agus gun tèid aca gu h-àiridh ri seirbhisean a libhrigeach tro mheadhan ESF so-atharrachail
- Gabhaidh i ri sgrùdadh a dhèanamh air an gabh aonad leasachadh stuthan-taice a chur air bhonn gus cruinn-shealladh agus ceannas a thoirt air cruthachadh stuthan-taice ESF do luchd-ionnsachaidh, a fhritheileadh prìomh chuspairean a' chlàir-oideachais

F INNTRIGEADH NAS FARSAINGE, ADHARTAS AGUS COM-PÀIRTEACHADH

Nì a' Cholaiste na leanas gus inntrigeadh nas farsainge, adhartas agus com-pàirteachadh a bhrosnachadh:

- Co-oibrichidh i còmhla ri sgoiltean, foghlam àrd-ìre agus fastaichean gus co-fharpais gun fheum isleachadh, fhad 's a bhithear a' cruthachadh staranan soilleir airson adhartas ro chlàr-gnothaich Riaghaltas na h-Alba airson foghlam fad-bheatha
- Glèidhidh i caochladh dhorsan inntrigeadh gu foghlam na Colaiste a fhreagras do dhaoine aig a bheil diofar ìrean de dh'fhèin-fhiosrachadh, is cho math ri cothroman iomchaidh airson adhartas anns a' Cholaiste, gu ruige foghlam oilthigh no teisteanais dhreuchdail
- Nì i sgrùdadh air cothroman ionnsachaidh a thathar gan solarachadh anns na coimhearsnachdan, a' gabhail cùntas air samhladh ion-obrachas chùrsaichean airson solar na feadhna nach eil làn-ùine gus dèanamh cinnteach gun cuirear na goireasan gu feum cho buaidheach is a ghabhas
- Cuiridh i clàr-oideachais nan sgoiltean ionadail am feabhas aig ìrean iomchaidh, a' toirt fa-near don Ath-sgrùdadh a bheilear a' gabhail os làimh aig Rìghaltas na h-Alba
- Tairgidh i Foghlam Bunaiteach do dh'Inbhich aig ìrean 2003 mar phàirt den t-solair don mhòr-shluaigh agus tairgidh i Foghlam Bunaiteach do dh'Inbhich os cionn na h-ìre bunaitich ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail
- Leudaichidh i inntrigeadh do chùrsaichean fosgailte is air-loidhne na Colaiste tro mheadhanan dealanach iomchaidh a shior-fhreagras feumalachdan nan oileanach is nam fastaichean
- Brosnaichidh i foghlam fad-bheatha nas fhaide le iomairtean in-ghabhail sòisealta gus com-pàirteachadh dhaoine à sgìrean-post sònraichte àrdachadh, agus an fheadhainn aig an robhar a' comharrachadh fheumalachdan le ro-innleachdan ionadail
- Com-pàirtichidh i ann an Ionnsachadh na Coimhearsachd agus Dealbhadh Leasachadh gus taic a thoirt do chothroman trèanadh is foghlam a chuidicheas daoine agus fastaidhean ann an àiteachan ionadail
- Brosnaichidh i dòighean ùr-ghnàthach gus clàr-oideachais na Colaiste a libhrigeadh

- Ni i rannsachadh air mar a ghabhas ceudad chom-pàirtichean ann an sgìrean dùthchail a ghiùlan gu glèidhteach, agus cothroman leasachadh a chur am feabhas, a dh'aindeoin teannachadh ionmhasail
- Ni i ath-sgrùdadh air solarachadh nam Prògraman Nàiseanta Àrd-Ìre ann an Ear-Thuath gus pailteas de chothroman a tathainneas gus àrdachadh a dhèanamh o Theisteanasan Nàiseanta Àrd-Ìre gu Dioplòma Nàiseanta Àrd-Ìre, nuair a bhios seo iomchaidh

G TOBAR-SGILEAN IONADAIL

Ni a' Cholaiste na leanas gus feumalachdan gnìomhachas ionadail a shior-choilionadh:

- Gabhaidh i ri rannsachadh-margaidh ionadail gus easbhaidh sgìlean ionadail a chomharrachadh agus gus leasachadh a sholarachadh
- Oibrichidh còmhla ri sgoiltean is buidhnean-gnìomha eile gus cùrsaichean a bhrosnachadh a fhreagras do easbhaidh sgìlean ionadail
- Oibrichidh i ann an com-pàirteachas le fastaichean gus foghlam so-atharrachail dreuchdail agus cothroman trèanadh is measadh a sholarachadh a bhios ion-obrachail a thaobh ionmhais agus a fhreagras ri easbhaidh sgìlean ionadail
- Oibrichidh i ann an com-pàirteachas le fastaichean gus prògraman àraid àrd-chàileachdail a sholarachadh, stèidhichte air sàr-chleachdadh gnìomhachas is uidheam agus gan tathann ann an aonadan bàrr-feabhais
- Stiùirichidh i iomairtean dreuchdail le Aonad Leasachadh Gnòthaich agus eagraichidh i solar dreuchdail a thairgeas roinnean eile na Colaiste gus inntrigeadh furasta do a cuid sheirbhisean a chuideachadh, a chum is gum bi seasmhachd is sàr-chleachdadh ann

H CO-OBACHADH AGUS COM-PAIRTEACHASAN

Ni a' Colaiste na leanas gus bacaidhean isleachadh agus co-obrachadh is com-pàirteachasan a neartachadh:

- Lean i oirre a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean oilthighean gus ullachaidhean ceanglaidh a tha a' brosnachadh adhartas on Cholaiste do na dà oilthigh a leudachadh agus, mas riatanach e, ni i rèiteachaidh eile còmhla ris na com-pàirtichean oilthigheil aice a-rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba
- Co-oibrichidh i còmhla ri sgoiltean ionadail gus cur ris a' chlàr-oideachais sgoilearach agus gus cothroman dreuchdail a sholarachadh, is i a' gleidheadh ìrean gnìomhachd freagarrach, agus gus imeachd on sgoil gu foghlam adhartach is àrd-fhoghlam is cosnadh a bhrosnachadh
- Cuiridh i ri obair Fhòram a Tuath ri Com-Pàirteachas nas Farsainghe agus ri obair fo-bhuidheann SWAP a chum is gum bi an taghadh as leatha de chothroman adhartachais ann do luchd-ionnsachaidh inbheach
- Co-oibrichidh i còmhla ri Colaiste Bhanbh is Bochan gus inntrigeadh agus solar a leasachadh air feadh na h-Ear-Thuath agus gus dèanamh cinnteach gun islichear dùblachadh solarachadh is caitheamh ghoireasan
- Co-oibrichidh i còmhla ri Colaiste Bhanbh is Bochan gus prògraman choitcheann leasachaidh is eagrachaidh do luchd-obrach is luchd-stiùiridh a sholarachadh
- Co-oibrichidh i còmhla ri Colaistean na h-Alba is Bhreatainn ri inntrigeadh, adhartachadh, ionnsachadh dhreuchdail agus às-dùnadh sòisealta a chur am feabhas
- Oibrichidh i còmhla ris an Roinn Eòrpa agus ionadan nan dùthchannan Eòrpach gus co-obrachadh air pròiseactan sònraichte air feadh an Aonaidh a stèidhicheadh gus EFQM agus maoinachadh da leithid a tharraing a-nuas a chum is gun tig piseach ann an prògraman choimhearsnachdan mhi-leasaichte

I CLÀR-OIDEACHAIS IN-GHABHALACH

Obraichidh i le feadhainn eile gus inntrigeadh do sheirbhisean a leasachadh leis a bhith a' rannsachadh, a' sireadh agus a' sùileachadh fheumalachdan sònraichte:

- Leasaichear agus àth-sgrùdar còmhla ris na roinn as motha sàr-chruinneachadh solar tòiseachail ann an cuspairean dreuchdail, far a ghabhas seo dèanamh, do dh'oileanaich aig a bheil feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd
- Cuirear am feabhas an rèiteachadh làithreach anns a' Cholaiste a thaobh sgrùdadh is cùl-taic don fheadhainn aig a bheil feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd

- Urrasaichear gum faigh oileanaich fheumalachdan ionnsachaidh a bharrachd inntigeadh don chlàr-oideachais leis gach taic a dh'fhaodar solarachadh aig a' Cholaiste agus buidhnean-gnìomha àraid, ag obair ann am com-pàirteachas còmhla ris na roinnean air leth is na h-ùghdarrasan ionadail
- Urrasaichear gum faigh a h-uile neach comhairle ro-inntigeadh freagarrach, a' gabhail a-steach oileanaich aig a bheil feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd, ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan foghlam agus Careers Scotland
- Urrasaichear gun dèanar sgrùdadh ciallach air a h-uile solar a tha aig a' Cholaiste gus am faicear na h-atharrachaidhean a thathar a' dèanamh is na ghabhar dèanamh ri bacaidhean don chlàr-oideachais agus adhartas na broinn isleachadh gun a bhith a' dèanamh cròn air bun-tomhais oilthigheil is ceàrdeach
- Sirear gu leanailteach cothroman com-pàirteachas le buidhnean-gnìomha eile gus cothroman ionnsachaidh a dh'aon ghnòthaich do ghrunnan mì-leasaichte a sholarachadh, gu h-àiridh luchd a bha an urra ri drogaichean, òigridh gun dachaigh agus prìosanaich

BEART-DEILBH NAS LEATHA NA POILESAIDH

Tha deilbh leasachaidh na Colaiste nam pàirt de dh'eagar farsaing iomairtean poileasaidh an riaghaltais do cholaistean àrd-fhoghlam. Rè nam beagan bhliadhnaichean tha prìomh dhùil air a bhith ann aig poileasaidh an riaghaltais ri compàirt nas motha a brosnachadh gu cumanta ann am foghlam is trèanadh agus gu h-àiridh gus inntigeadh nas leatha àrdachadh.

Seo tùs-chothroman na lùib:

- Litearras is Comas Àireamhachd nan Inbheach a leasachadh
- Cudrom air leasachadh sgilean ann an Teicneolas Fiosrachaidh is Conaltraidh a bhrosnachadh
- Inntigeadh freagarrach do dh'fhoghlam agus do chothroman trèanadh a sholarachadh do dhaoine aig a bheil feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd
- Cothroman ionnsachaidh nan roinnean a brosnachadh don fheadhainn a ghabhas cùram do luchd-eisimeil
- Tobar-sgilean na h-Alba a leasachadh
- Foghlam Fad-Bheatha
- Beart-deilbh theisteanasan nas co-chrochaiche a stèidheachadh
- Com-pàirteachadh eadar àrd-sgoilean agus colaistean àrd-fhoghlam a leasachadh gus tuilleadh chothroman dhreuchdail sònraichte a sholarachadh

PLANAICHEAN LEASACHAIDH EILE

Lethbhreith Ciorraim

Nì Colaiste Obar Dheathain a dìcheall gus cùl-taic air inntigeadh don chlàr-oideachais a thoirt do dh'oileanaich chiorramach agus tha i air an uiread de chùrsaichean is seirbhisean a thathainneas i do dhaoine aig a bheil feumalachdan a bharrachd àrdachadh. Leanaidh a' Cholaiste oirre le a cuid phrògraman trèanadh air Mothachadh Ciorraim agus Leithbreith Ciorraim a thathar a' toirt do luchd-obrach gus gnàthaichean reusanta a shùileachadh is a chur an gnìomh airson oileanach chiorramach.

Co-ionnachd Chinneadh

A chum is gum mair coimeas oileanach agus luchd-obrach na Colaiste an taca ris a' choimhearsnachd ann a shuidhicheas i, nì a' Cholaiste brosnachadh do bharrachd dhaoine o bhuidhnean cinnidh eadar-dhealaichte ri tighinn a dh'obair agus a dhèanamh sgrùdadh innte.

Nì a' Cholaiste na leanas gus a dleastanas air co-ionnachd cinnidh a choilionadh:

- Nì i measadh air buaidh nam poileasaidhean aice air oileanaich is luchd-obrach o bhuidhnean cinnidh eadar-dhealaichte, am fear air co-ionnachd cinnidh nam measg
- Tomhaisidh i a thaobh nam buidhnean cinnidh seo inntigeadh is adhartas oileanach, agus fastadh is adhartas dreuchd luchd-obrach
- Foillsichidh i aithisg bhliadhnail co-ionnachd chothroman

Ag Obair Còmhla ri Com-Pàirtichean

Leanaidh a' Cholaiste oirre a bhith a' cur ris an sgìre a sholarachas i leis a bhith a' sireadh com-pàirtichean o roinn an fhoghlaim, gnòthaichean, ùghdarrasan ionadail, roinn na slàinte is on roinn shaor-thoileach. Bidh a' Cholaiste an sàs ann am pròiseas planaich Chathair is Sgìre Obair Dheadhain, far am bi seo iomchaidh, gus dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas gnìomhach aice ann an leasachadh is foghlam na coimhearsnachd. Leasachadh com-pàirteachas mar-thà còmhla ri buidhnean-gnìomha, m.e. Aberdeen Foyer agus Aberdeen Cyrebeans agus tha ceanglaichean làidir air an dèanamh ri solarraichean trèanadh eile, COGENT agus TQFE nar measg.

Àrainneachd Dhealanach Ionnsachaidh

Rè na bliadhna 2004/5 cuiridh a' Cholaiste Àrainneachd Dhealanach Ionnsachaidh (ADI) air bhonn gus a clàr-oidreachais a libhrigeadh gu h-ùr-ghnàthach. Tha dùil ann gun atharraich coimeas an teagaisg a dh'ionnsaigh mheadhanan dealanach, fhad is a chumar buannachd nan seòlan teagasg tradiseanta.

Leudaichidh stèidheachadh ADI inntrigeadh don eagar air fad a sholaras a' Cholaiste de dh'ionnsachadh-dealanach is do stuthan ionnsachaidh eile. Rannsaichear gu h-àiridh dòighean anns a dh'fhaodas an uiread de dh'ionnsachadh-dealanach agus ionnsachadh fosgailte àrdachadh, is seo nan taic do sheirbhis Ionnsachadh Fad-Bheatha na Coimhearsnach a tha aig a' Cholaiste.

Leasachadh Càileachd

Rè nam beagan bhliadhnaichean seo chaidh tha dìcheall na Colaiste ri sior-leasachadh càileachd air a bhith ga h-aithneachadh agus tha i air grunn dhuaisean airson bhun-tomhaisean càileachd agus tiodhlacaidhean airson a cuid ghnìomhan is seirbhisean a chosnadh. Air feadh na h-ùine dealbhadh nì a' Cholaiste iarrtasan an tòir air duaisean on taobh a-muigh a chum is gun ruig a seirbhisean bun-tomhaisean àrd-chàileachd a dh'aithnichear gu nàiseanta. Is e leudachadh nan iomairtean leasachadh càileachd a tha ann an-dràsta (s.e. an samhldh HMIE ga chur gu feum, 'comharradh na being-obrach') agus sior-sgaoileadh is stèidheachadh bàrr-ghnàthachadh air feadh na Colaiste a bhios nam prìomh cruinn-sheallaidhean aice.

RO-INNLEACHDAN NA COLAISTE

Ro-Innleachd Leantainneachd-Ghnothaich

Leanaidh a' Cholaiste oirre leis na rudan a leanas gus dèanamh cinnteach gum bi deagh sheasamh aice mu choinneimh tachartas sam bith a dh'fhaodadh gnìomhan àbhaisteach na Colaiste a chur am bùrach:

- (i) Dealbhaichidh i Planaichean Leantainneachd-Ghnothaich mhionaideach airson gach làrach na Colaiste
- (ii) Rannsaichidh i a bheil seòmraichean eile ri làimh a ghabhas cleachdadh agus bidh i air tòir chòrdaidhean a chuireadh gu feum ann an tuiteamas ùine ghoirid no mheadhanach
- (iii) Nì i fìor lughdachadh air buailteachd thachartas mar seo leis a bhith a' cur gu feum gleidheadh siostamach

Ro-Innleachd Leasachadh Chùrsaichean

Nì a' Cholaiste na leanas gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Cholaiste an geall air eagar de sholar a dhealbhadh a fhreagras feumalachdan nan cliantan eadar-dhealaichte aice:

- (i) Stèidhichidh i leasachadh chùrsaichean ùra air rannsachadh-margaidh siostamach
- (ii) Dealbhaichidh i eagar de chùrsaichean a-rèir feum nan cliantan aice is ion-obrachas soilleir
- (iii) Nì i cinnteach gu bheil àireamh iomchaidh de chùrsaichean ìre-thòiseachaidh is slighean-adhartais iomchaidh anns na h-uile raointean dreuchdail
- (iv) Dealbhaichidh i eagar de rian gus cùrsaichean a libhrigeadh, a' gabhail a-steach an feadhainn stèidhichte air coimpiutairean
- (v) Cuirear an aithne an teicneolas ùr, cùisean co-ionannachd chothroman is cùisean mu ghlèidhteachas a h-àrainneachd, cho fad is a ghabhas seo a dhèanamh is far a bhios seo iomchaidh
- (vi) Taghaidh i modh teisteanasachd a fhreagras do na prògraman is do dh'fheumalachdan nan cliantan aice

Ro-Innleachd Litearrachd is Comas Àireamhachd

Nì a' Cholaiste na leanas gus iomairt an riaghaltais a thoirt gu buil a tha ag amas air leasachadh nam bun-sgilean litearrachd is comas àireamhachd:

- (i) Leudaichidh i solar nam bun-sgilean a tha ann gu h-àiteachan ùra is do chliantan ùra
- (ii) Dealbhaichidh i prògraman ùra gus bun-sgilean a leasachadh is feadhainn ann a chleachdas choimpiutairean
- (iii) Bheir i trèanadh do luchd-obrach na Colaiste a chum is gum bi comas aca a bhreithneachadh air ìre-thòiseachaidh bhun-sgilean de dh'oileanaich agus modhan-teagaisg freagarrach a shònrachadh gus taic a thoirt dhan cuid ionnsachaidh

Ro-Innleachd Oighreachdan

On a tha Ro-Innleachd Oighreachdan na Colaiste air a bhith a stèidheachadh o chionn fhada agus on a tha maoin chialpa a-nis air a solarachadh aig na prìomh ùghdarrasan, tha Bòrd Stiùiridh na Colaiste ag ath-sgrùdadh an-dràsta air na roghainnean aige gus aire a thoirt air na h-atharrachaidhean seo is an fheadhainn de an leithid.

Ro-Innleachd Teicneolas Fiosrachaidh is Conaltraidh

Nì a' Cholaiste na leanas gus aithne an ESF a chur, an dà chuid air feadh nan cùrsaichean agus air feadh phròiseasan stiùiridh is rianachd:

- (i) Meudaichidh i àireamh de ghòireasan ESF a dh'fhaodar ga cleachdadh aig oileanaich
- (ii) Nì i cinnteach gum bithear a' sior-ùrachadh nan goireasan ESF a-rèir adhartais theicneolaich
- (iii) Solaraidh i eagar farsaing de chùrsaichean ESF is bidh i gan sior-sgrùdadh a chum is gum bi iad a-rèir teicneolas an latha
- (iv) Leasaichidh i seirbhisean stèidhichte air eadra-lìon is eadar-lìon a-rèir nam feumalachdan comharraichte

Ro-Innleachd In-Ghabhalachd Choimpiutaireach

Is e poileasaidh nàiseanta a tha ann gum bi seirbhisean is goireasan coimpiutaireach ri fhaighinn don eagar as fharsainghe den mhòr-shuigh, gu h-àiridh gun solarachadh intrigeach do dh'fhiosrachadh is seirbhisean air loidhne. Nì a' cholaiste na leanas:

- (i) Bidh i a' sior-ùrachadh a' bhathair bhuig is chruaidh a sholaras i do dh'oileanaich
- (ii) Cumaidh i eagar de chùrsaichean co-cheangailte ri ESF, gu h-àraid cùrsaichean dealbhaichte, gus lion-eòlas agus tuigse an eadar-lìn is nan seirbhisean a tha e a sholaras i a bhrosnachadh
- (iii) Co-oibrichidh i còmhla ri sgoiltean ann an leasachadh mheanbh-aonadan ESF a bheir intrigeach do theicneolas ùr is trèanadh do dhaoine nan coimhearsnachdan
- (iv) Leasaichidh i litearras ESF mar fheart phrògraman na Colaiste far a ghabhas seo a dhèanamh
- (v) Bheir i cothroman do dhaoine na coimhearsnachd a chum is gum fàs iad eòlach air fiosrachadh a chur air an lìon.

Ro-Innleachd Ghoireasan Daonna

Dealbhachadh Ro-Innleachd Ghoireasan Daonna na Colaiste gus greis-ionnsachaidh dheimhinneach a thoirt do dh'oileanaich agus gum bi treuntais luchd-obrach gan cur gu feum gu glèidhteach is gu h-èifeachdach . Rè na h-ùine dealbhaidh, mar sin, nì a' Cholaiste na leanas gum bi eagrachas luchd-obrach freagarrach aice, a fhreagras amasan a thaobh àireamhan luchd-teagaisg is oidean foghlaim agus a thaobh a' choimeas eadar àireamhan den feadhainn mhaireanach is shealach.

Foillsichidh Ro-Innleachd Ghoireasan Daonna na Colaiste na h-irean teisteanasachd a dh'fheumas a bhith aig buidhnean phrìomh luchd-obrach, m.e. òraidichean, oidean foghlaim is comhairlichean, le taic ga thoirt dhaibh o oidean leasachadh pròifeiseanta, agus seallaidh i mar a sholarachar is a chuirear seo an gnìomh.

Stèidhichear co-ionannachd cothroman agus brosnachadh co-ionannachd cinnidh air feadh obrach na Colaiste agus seo nan clach-dearbhadh don Ro-Innleachd Ghoireasan Daonna. Leanaidh a' Cholaiste oirre gus prògram trèanadh cothroman co-ionannachd a sholarachadh, gu h-àiridh a thaobh lethbhreith gnè, cinnidh is ciorramach agus nì i sgrùdadh air na thachras le measadh càileachd.

Ro-Innleachd In-Ghabhaltachd

Nì a' Cholaiste a d'icheadh gus cothroman co-ionannachd agus clàr-gnothaich in-ghabhaltachd a brosnachadh ann am fastadh agus ann an intrigeachd don fhoghlaim is trèanadh a sholarachas i. Foillsichear Ro-Innleachd In-Ghabhaltachd na Colaiste mar a nì i a dleastanas do chiorramaich a thaobh fastadh agus solarachadh sheirbhisean. Gu sònraichte làimhsichidh an ro-innleachd seirbhisean do dh'oileanaich, leasachadh àrainneachd na Colaiste agus fastadh luchd-obrach. Nì i a dleastanas a thaobh Riatanasan Achd air Ciorramaich is Lethbhreith 1995, Achd Fheumalachdan an Fhoghlaim Sònraichte agus Ciorramachd 2001 agus Achd Atharraichidh an Dàimh Chinnidh.

INSERT CONTACTS